

# An Gàirnealair Gallda don Mhaighdeann Gàidhealaich

Mo ghaol a' mhaighdeann,  
'Dh'fhàs cridheil aoibheil,  
Air an do bhruadair mi,  
'N-raoir 'am shuain,  
Nuair rinn mi dùsgadh,  
B' e fàth mo thùrsa,  
Thu 'bhith 'n Cionn Tùra,  
Cho fada bhuam.

Is anns an Eilean,  
A' buain nan dearcan,  
A ghabh mi ceist dhìot,  
Is mòran gràidh,  
Do chòmhradh falaich,  
A rinn mo mhealladh,  
'S tha mise chéana,  
Leis air mo chràdh.

D' aghaidh shìobhalta,  
Bhòidheach, mhàlda,  
Mar ròs an gàrradh,  
Do dhà ghruaidh,  
Do chùl donn sniomhain,  
Mar sheudan fiodh'lach,  
'S e ann an stìm air,  
A chumail suas.

Tha do phògan,  
Mar na h-ùbhlan,  
D' anail chùbhraidh,  
mar shugh-chraobh,  
Do chneas mar eala,  
Do chrìos mar chanach,  
Dà shùil ghorm mhealach,  
Fo mhala chaoil.

An uair a ruigeas mi,  
Taigh a' Bhealaich,  
'S a chi mi Anna,  
'S i 'nuas on àich,  
Their mo chridhe rium,  
Tha i 'tighinn,  
'S i siud an nighean,  
Don dug mi gràdh.

'S truagh nach robh mi,  
Is mo leannan,  
An gleannan falaich,  
'S sinn fad o chàch,  
No 'n Gleann an Leòra,  
Is badan ceò ann,  
'S gun dèanainn còmhradh riut,  
Anns an fhraoch.

Ma tha fear eile,  
Am bun do sgéithe,  
A tha 'gad theumadh,  
'S 'gad mhealladh bhuam,  
'S ma thug thu gaol dà,  
Gu mise thaobhsinn,  
Gur h-e am faochadh,  
A gheibh mi 'n uaigh.